# Prògram a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail Air - loidhne 2020

## Virtual Royal National Mòd Programme 2020



VIRTUAL MÒD AIR-LOIDHNE

# Fàilte
# Welcome

## Fàilte chun a' chiad Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-Loidhne
## Welcome to the first virtual Royal National Mòd

Chan iongnadh sibh a bhith ag ionndrainn cothrom ùrachadh eòlais air càirdean is caraidean aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail am-bliadhna, ach a dh'aindeoin ar tàmailt cha ghabhadh an co-dhùnadh a b' fheudar dhuinn a dhèanamh a sheachnadh.

Ach tha sinn moiteil da-rìribh cuireadh a thoirt dhuibh a bhith nar cuideachd air a' chiad Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-Loidhne riamh, le luchd-pàirt eadar-nàiseanta! A dh' aoindeoin nan duilgheadasan a tha a' toirt buaidh air na h-ealain, 's e adhbhar tlachd is toileachas a th' ann coimhearsnachd na Gàidhlig a thoirt còmhla airson cultar agus ar cànan luachmhor a chleachdadh agus a chomharrachadh. Tha an suidheachadh seo a' toirt cothrom dhuinn a bhith a' smaoineachadh ann an dòighean nas cruthachail, a bhios gu maith a' chànain is a' chultar.

Tha mi 'n dòchas gun còrd e ribh uile, agus bidh fiughair oirnn ur faicinn slàn fallain ann an Inbhir Nis an ath bhliadhna!

**Ailean Caimbeul**
Ceann-Suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich

It is not surprising that you might be missing the opportunity to renew contact with relatives and friends at this year's Royal National Mod, but despite our disappointment the decision which we made was unavoidable.

However, we are very proud to invite you to join us at the first ever Virtual Royal National Mod, with international participants! We are excited to be able to engage with audiences in this way, and celebrate our language and culture despite the current challenges facing the Arts. The current situation in which we find ourselves presents opportunities to be creative and engage with others using a different approach and the virtual Mòd is an example of this.

I hope that you will all enjoy this unique event, and we very much look forward to seeing you hale and hearty in Inverness a year from now!

**Allan Campbell**
President of An Comunn Gàidhealach


**Le taic bho**
**Proudly Sponsored by**

Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries

Bòrd na Gàidhlig

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

BBC ALBA

# VIRTUAL MOD AIR-LOIDHNE

Tha Mòd na bliadhna seo caran eadar-dhealaichte bhon àbhaist ris a bheil sinn cleachdte, ach tha sinn cinnteach gun còrd e ribh a bhith a' comharrachadh cànan is cultar na Gàidhlig còmhla rinn air-loidhne.

An àite farpaisean traidiseanta a' Mhòid, chaidh cuireadh a thoirt do fharpaisich an gnìomhaidhean a chlàradh ann an co-fhurtachd an dachaighean fhèin. Tha sinn air ar beò-ghlacadh leis an àireamh de ghnìomhaidhean mìorbhaileach a tha air an cur a-steach bho air feadh an t-saoghail agus tha sinn air taghadh de na gnìomhaidhean sin a chur còmhla airson an roinn leibh. Tha sinn air leth toilichte cuideachd taghadh de thachartasan taitneach Iomall a' Mhòid a thoirt thugaibh.

## Dòighean Amhairc

Tha na tachartasan uile **an-asgaidh** am frithealadh agus tlachd a ghabhail asta!

Bidh sinn a' sruthadh tachartasan na bliadhna seo uile beò air sianalan nam meadhanan sòisealta againn. Tha seo a' ciallachadh gum faod sibh coimhead orra còmhla ris an t-sruthaidh bheò no na prògraman fhaicinn às dèidh làimhe aig àm freagarrach dhuibh fhèin. Tha e a' ciallachadh cuideachd gum faod sibh prògraman a choimhead barrachd na aon uair mas e sin ur roghainn.




## Leanaibh Sinn air Na Meadhanan Sòisealta

Bidh na tachartasan uile air an taisbeanadh air Facebook agus air an t-sianal YouTube againn.
Bidh sinn cuideachd a' roinn cuid de chuimhneachain a' Mhòid leibh air Facebook agus Instagram, airson coimhead air ais orra fad na seachdaine!

[facebook.com/RoyalNationalMod]

[An Comunn Gàidhealach]

[instagram.com/royalnationalmod]

# VIRTUAL
# M D
# AIR-LOIDHNE

This year's Mòd is a bit different to what we are used to, but we are sure that you will enjoy celebrating Gaelic language and culture with us online.

Instead of the traditional Mòd competitions, participants were invited to record performances in the comfort of their own homes. We have been blown away by the number of fantastic performances that have been submitted from all over the world and have compiled a selection of these performances to share with you. We are also delighted to bring you a great selection of fringe events.

## Ways to watch

All events are **free** to attend and enjoy!

We will be streaming all of this year's events live from our social media channels. This means that you can either watch along with the live stream or catch up with programmes in your own time. It also means that you can watch programmes more than once if you wish.




## Follow Us on Social Media

All events will be shown on Facebook and on our YouTube channel. We will also be sharing some Mòd memories to look back on throughout the week on Facebook and Instagram.

[facebook.com/RoyalNationalMod]

[An Comunn Gàidhealach]

[instagram.com/royalnationalmod]

# Dihaoine
# Friday

9.10.20

**19:00** **Cuirm Fhosglaidh a' Mhòid**
Official Opening Concert

A' cur a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail 2020 air loidhne air a chasan, le measgachadh de dh'òrain, ceòl agus fàilte bho aoighean eadar-dhealaichte. Air a lìbhrigeadh le Kirsteen NicDhòmhnaill.

Kicking off the 2020 Virtual Royal National Mòd, with a mix of song, music and guests. Presented by Kirsteen MacDonald.

**#ModAirLoidhne2020** **#cleachdi**

# Didòmhnaich
# Sunday

11.10.20

**09:00 & 15:00** **Seiribheis a' Mhòid Air-loidhne**
Virtual Mòd Church Service

Os cionn na seirbheis bidh an t-Urr Donaidh MacSuain bho Eaglais na h-Alba, an ceann-teagaisg air an là, Salm 98:3

"Chuimhnich e a thròcair agus fhirinn do theaghlach Israeil"

Ri chluinntinn agus ri fhaicinn air BBC Radio nan Gàidheal & Facebook Radio nan Gaidheal

Rev. Donnie MacSween, Church of Scotland, leads the service with Psalm 98:3

"He hath remembered his mercy and his truth toward the house of Israel"

Available to listen to and watch on BBC Radio nan Gàidheal & Facebook Radio nan Gàidheal

# Disathairne
# Saturday

10.10.20

**11:00** **Iomain aig a' Mhòd**
Shinty at the Mòd

Tha Eòghan Stiùbhart, Iomain Cholmcille, a' toirt sùil air saoghal na camanachd ann am bliadhna far an do chuir Coronabhìorais casg air seusan spòrs nan Gàidheal. Tha am prògram seo a' cruinneachadh sgeulachdan bho air feadh an spòrs, fir, boireannaich is òigridh, agus a' gabhail àite Cupa a' Mhòid a bhios a' tachairt air a' chiad Disathairne den Mhòd gach bliadhna. Sa Ghàidhlig le fo-thiotalan.

Eòghan Stewart from Iomain Cholmcille, the Gaelic Shinty Project, takes a look at the world of shinty in a year where the Coronavirus resulted in the cancellation of the sport of the Gael. This special programme collects stories from throughout the men's, women's and youth codes of the sport and takes the place of the Mod Cup which traditionally takes place on the first Saturday of the Mòd every year. In Gaelic with English Subtitles

**14:00** **Feasgar Disathairne**
Saturday Afternoon

Pàirt a h-aon de chruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn roinnean nan ionnsramaidean.

Part one of a compilation of some of the best performances across instrumental categories.

**19:00** **Oidhche Shathairne**
Saturday Evening

Pàirt a dhà de chruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn roinnean nan ionnsramaidean.

Part two of a compilation of some of the best performances across instrumental categories.

**21:00** **Cuirm Phìobaireachd**
Piping Concert

Ann an co-bhann le
In association with

Tha Còmhlan Pìobaireachd Oigridh Nàiseanta na h-Alba air leth toilichte an gnìomhadh pìobaireachd aca a thaisbeanadh aig Iomall a' Mhòd na bliadhna seo. Tha am prògram a' nochdadh gnìomhaidhean air astar bho bhuannaichean làithreach a' Bhuinn Òir 's a' Bhuinn Airgid, Connor Mac na Ceàrdaich agus Seumas MacDhonnchaidh, a thuilleadh air Màidsearan Pìoba NYPBoS, Callum MacIlleDhuinn agus Ciaren Rosach. Oidhche mhòr de cheòl pìoba! Air a lìbhreageadh le Anna Mhoireach.

The National Youth Pipe Band of Scotland are delighted to present a piping recital featuring remote performances from the current Gold and Silver medal winners, Connor Sinclair and James Duncan Mackenzie, as well as current NYPBoS Pipe Majors Callum Brown and Ciaren Ross. A great night of piping music to be had! Presented by Anna Murray.

# Disathairne nam Spòrs




**RUITH 2K, 5K NO 10K**
RUN 2K, 5K OR 10K

**10mh den Dàmhair**
**10th October**

VIRTUAL
M D
AIR-LOIDHNE

# Diluain
# Monday
12.10.20

## 10:00 Leugh is Seinn le Linda
### Read & Sing with Linda

Ann an co-bhann le
In association with
COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Leugh is Seinn le Linda aig a' Mhòd! Sgeulachdan, spòrs is òrain còmhla ri Linda. Freagarrach do chlann 0-5 bliadhna a dh'aois.

Leugh is Seinn le Linda at the Mòd! Sing, read and play games with Linda. Suitable for 0-5 year olds.

## 11:00 Dolina agus D.I. aig a' Mhòd
### Dolina agus D.I. at the Mòd

Ann an co-bhann le
In association with
fèisean NAN GAIDHEAL

Tha dà charaid Dolina agus D.I. a' dol chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Nach tig sibh còmhla riutha gus am faic sibh ciamar a theid dhaibh ann am farpaisean agus iad a' beachdachadh air cùisean.

Puppet friends, Dolina and D.I., are going to the Royal National Mòd! Come along to see what these two friends get up to in their competitions.

## 13:00 Cagar
### Highland Whispers

Le taic bho
Supported by
CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghal dealbh-thogail, ceòl, meadhanan measgte, bàrdachd agus ealain air a bhith a' cluich tionndadh air astar de gheamannan dachaigheil leithid Sanaisean Sìonach (Chinese Whispers) agus Builean (Consequences) gus sreath de fhreagairtean do dh'obair chàich a chèile a chruthachadh agus do thèama nan Ceudfathan - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàileadh agus Beantainn.

A first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown. Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of responses to each other's work and to the theme of the Senses – Sight, Hearing, Taste, Smell and Touch.

## 15:00 CnaG aig a' Mhòd
### CnaG at the Mòd

Ann an co-bhann le
In association with
CnaG

Feuch gun tig sibh còmhla rinn airson beagan spòrs agus fealla-dhà còmhla ri Comunn na Gàidhlig!

Be sure to tune in for some fun and games with Comunn na Gàidhlig!

## 19:00 Feasgar Diluain
### Monday Afternoon

Cruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn nan roinnean òigridh.

A compilation of some of the best performances across the junior categories.

# Dimàirt Tuesday

13.10.20

## 10:00 — Leugh is Seinn le Linda
### Read & Sing with Linda

Ann an co-bhann le / In association with Comhairle nan Leabhraichean / The Gaelic Books Council

Leugh is Seinn le Linda aig a' Mhòd! Sgeulachdan, spòrs is òrain còmhla ri Linda. Freagarrach do chlann 0-5 bliadhna a dh'aois.

Leugh is Seinn le Linda at the Mòd! Sing, read and play games with Linda. Suitable for 0-5 year olds.

## 11:00 — Dolina agus D.I. aig a' Mhòd
### Dolina agus D.I. at the Mòd

Ann an co-bhann le / In association with Fèisean nan Gàidheal

Tha dà charaid Dolina agus D.I. a' dol chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Nach tig sibh còmhla riutha gus am faic sibh ciamar a theid dhaibh ann am farpaisean agus iad a' beachdachadh air cùisean.

Puppet friends, Dolina and D.I., are going to the Royal National Mòd! Come along to see what these two friends get up to in their competitions.

## 13:00 — Cagar
### Highland Whispers

Le taic bho / Supported by Creative Scotland / Alba | Cruthachail

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghal dealbh-thogail, ceòl, meadhanan measgte, bàrdachd agus ealain air a bhith a' cluich tionndadh air astar de gheamannan dachaigheil leithid Sanaisean Sìonach (Chinese Whispers) agus Builean (Consequences) gus sreath de fhreagairtean do dh'obair chàich a chèile a chruthachadh agus do thèama nan Ceudfathan - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàileadh agus Beantainn.

A first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown. Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of responses to each other's work and to the theme of the Senses – Sight, Hearing, Taste, Smell and Touch.

## 17:00 — Leughadh Aghaidh na Tìre
### Reading the Gaelic Landscape

Ann an co-bhann le / In association with National Library of Scotland / Leabharlann Nàiseanta na h-Alba; Edinburgh – The City of Edinburgh Council

Bruidhnidh Iain Moireach air an leabhar aige – "Reading the Gaelic Landscape". Le bhith a' cur chruthan-tìre agus an eachdraidh fo phrosbaig Ghàidhlig tha e toirt dhuinn cothrom sealladh cultarail na Gàidhealtachd a thuigsinn. Thèid an tachartas seo a chumail ann an Gàidhlig agus ann am Beurla air Zoom. Tiocaidean ri fhaighinn an seo (an-asgaidh).

John Murray disscuses his book– 'Reading the Gaelic Landscape' - which applies a Gaelic lens to the study of Scotland's landscapes and history – and in doing so enables us to understand the cultural landscape of the Highlands. This Gaelic-English event takes place on Zoom and is suitable for fluent speakers and learners. Tickets are available here (free to attend).

## 19:00 — Feasgar Dimàirt
### Tuesday Afternoon

Cruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn nan roinnean òigridh.

A compilation of some of the best performances across the junior categories.

# Moiteil taic a chur ris a' Mhòd air loidhne




**Thigibh chun Mhòid Nàiseanta Rìoghail air loidhne am bliadhna comhla ri Caledonian Mac a' Bhriuthainn**

**Caledonian Mac a' Bhriuthainn®**

Bàtaichean-aiseig nan eilean is Chluaidh

# Diciadain
# Wednesday

14.10.20

## 11.00 **Dolina agus D.I. aig a' Mhòd**
### Dolina agus D.I. at the Mòd

Ann an co-bhann le
In association with
fèisean NAN GAIDHEAL

Tha dà charaid Dolina agus D.I. a' dol chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Nach tig sibh còmhla riutha gus am faic sibh ciamar a theid dhaibh ann am farpaisean agus iad a' beachdachadh air cùisean.

Puppet friends, Dolina and D.I., are going to the Royal National Mòd! Come along to see what these two friends get up to in their competitions.

## 13:00 **Cagar**
### Highland Whispers

Le taic bho
Supported by
CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghal dealbh-thogail, ceòl, meadhanan measgte, bàrdachd agus ealain air a bhith a' cluich tionndadh air astar de gheamannan dachaigheil leithid Sanaisean Sìonach (Chinese Whispers) agus Builean (Consequences) gus sreath de fhreagairtean do dh'obair chàich a chèile a chruthachadh agus do thèama nan Ceudfathan - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàileadh agus Beantainn.

A first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown. Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of responses to each other's work and to the theme of the Senses – Sight, Hearing, Taste, Smell and Touch.

## 15:00 **Ach Dè Nì Leabhar?**
### But What Does a Book Do?

Ann an co-bhann le
In association with
acair

Marie C NicAmhlaigh agus Maureen NicLeòid a' toirt sùil air dè tha còrdadh riutha fhèin mar leabhar leughaidh agus dè ghluais iad gu sgrìobhadh.

Marie C. Macaulay and Maureen Macleod discuss the types of books that they enjoy the most as well as the inspiration behind their own writing.

## 17:00 **Taigh nam Bàrd**
### 'The Poet's House'

Ann an co-bhann le
In association with
COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Bidh ceathrar bhàrd a' tighinn còmhla ann an còmhradh tarraingeach eadarra air bàrdachd san fharsaingeachd, agus a' taisbeanadh taghadh de na dàin agus òrain aca. Bidh Bàrd a' Chomuinn, Sandaidh NicDhòmhnaill Jones, na 'bean an taighe', agus triùir cho-bhàrd an còmhradh còmhla rithe: Eòghan Stiùbhart, Marion F NicIlleMhoire agus Marcas Mac an Tuairneir.

Four Gaelic poets come together to discuss their work and showcase a selection of their poems and songs. Bàrd a' Chomuinn, the reigning crowned bard, Sandy NicDhòmhnaill Jones, will welcome three fellow poets: Eòghan Stewart, Marion F Morrison and Mark Turner.

## 19:00 **Feasgar Diciadain**
### Wednesday Afternoon

Cruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr sna farpaisean clàrsaich, dannsa agus tarsainn roinnean nan inbheach.

A compilation of some of the best performances across the clàrsach, dancing and senior categories.

# Diardaoin
# Thursday

15.10.20

## 11.00 Dolina agus D.I. aig a' Mhòd
### Dolina agus D.I. at the Mòd

Ann an co-bhann le
In association with

Tha dà charaid Dolina agus D.I. a' dol chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Nach tig sibh còmhla riutha gus am faic sibh ciamar a theid dhaibh ann am farpaisean agus iad a' beachdachadh air cùisean.

Puppet friends, Dolina and D.I., are going to the Royal National Mòd! Come along to see what these two friends get up to in their competitions.

## 13:00 Cagar
### Highland Whispers

Le taic bho
Supported by

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghal dealbh-thogail, ceòl, meadhanan measgte, bàrdachd agus ealain air a bhith a' cluich tionndadh air astar de gheamannan dachaigheil leithid Sanaisean Sìonach (Chinese Whispers) agus Builean (Consequences) gus sreath de fhreagairtean do dh'obair chàich a chèile a chruthachadh agus do thèama nan Ceudfathan - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàileadh agus Beantainn.

A first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown. Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of responses to each other's work and to the theme of the Senses – Sight, Hearing, Taste, Smell and Touch.

## 17:00 Bùth-Obrach Seinn nan Salm
### Gaelic Psalm Workshop

Thigeabh còmhla ri Calum Màrtainn aig bùth-obrach shònraichte air seinn nan Salm ann an Gàidhlig agus ionnsaich barrachd mun chruth ciùil air leth seo. Bidh Calum a' cuimseachadh air an fhonn French. Thèid a' bhùth-obrach a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig. Bhiodh tuigse don chànan na bhuannachd.

Join Calum Martin for this special workshop on Gaelic Psalm singing and learn more about this unique musical form. Calum will be focusing on the tune French. The workshop will be delivered in Gaelic. An understanding of Gaelic would be advantageous.

## 19:00 Feasgar Diardaoin
### Thursday Afternoon

Cruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn roinnean nan inbheach.

A compilation of some of the best performances across the senior categories.

Toilichte Gàidhlig a chleachdadh

Happy to speak Gaelic

# Gàidhlig

#cleachdi #useit

Bòrd na Gàidhlig

# Dihaoine
# Friday

16.10.20

## 11.00 — Dolina agus D.I. aig a' Mhòd
### Dolina agus D.I. at the Mòd

Ann an co-bhann le
In association with

Tha dà charaid Dolina agus D.I. a' dol chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Nach tig sibh còmhla riutha gus am faic sibh ciamar a theid dhaibh ann am farpaisean agus iad a' beachdachadh air cùisean.

Puppet friends, Dolina and D.I., are going to the Royal National Mòd! Come along to see what these two friends get up to in their competitions.

## 13:00 — Cagar
### Highland Whispers

Le taic bho
Supported by

Tha còignear luchd-ealain bho shaoghal dealbh-thogail, ceòl, meadhanan measgte, bàrdachd agus ealain air a bhith a' cluich tionndadh air astar de gheamannan dachaigheil leithid Sanaisean Sìonach (Chinese Whispers) agus Builean (Consequences) gus sreath de fhreagairtean do dh'obair chàich a chèile a chruthachadh agus do thèama nan Ceudfathan - Fradharc, Claisneachd, Blas, Fàileadh agus Beantainn.

A first glimpse of a unique arts project born in the Highlands during lockdown. Five artists from the worlds of photography, music, mixed media, poetry and fine art have been playing a remote version of the parlour games of Chinese Whispers and Consequences to create a series of responses to each other's work and to the theme of the Senses – Sight, Hearing, Taste, Smell and Touch.

## 19:00 — Feasgar Dihaoine
### Friday Afternoon

Cruinneachadh de chuid de na gnìomhaidhean as fheàrr tarsainn roinnean nan inbheach.

A compilation of some of the best performances across the senior categories.

## 21.00 — Cèilidh na Comhairle
### The Highland Council Cèilidh

Ann an co-bhann le
In association with

Tha Sgioba na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas le Fèis Rois agus mar phàirt dhen Mhòd Air-Loidhne, air oidhche sgoinneil de cheòl is òrain Ghàidhlig bho sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a chur air dòigh airson Cèilidh na Comhairle a bhios sònraichte dha-rìribh. Bidh Julie Fowlis na bean an taighe agus bidh luchd-ealain de gach aois a' riochdachadh naoi sgìrean Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Chomhairle na Gàidhealtachd.

The Highland Council Gaelic Team, in partnership with Fèis Rois, as part of the Virtual Mòd, have put together a fantastic night of music and Gaelic song from across the Highland Council area for this very special Cèilidh na Comhairle. The Cèilidh will be hosted by Julie Fowlis and features performers of all ages from across the nine Highland Council Community Planning Partnership areas.

# Disathairne

# Saturday

17.10.20

**10:00** **Massed Choirs**
Cruinneachadh nan Còisirean

Sùil air ais air cruinneachaidhean nan còisirean thar nam bliadhnaichean.

A throwback to some previous massed choirs over the years.






**#ModAirLoidhne2020** **#cleachdi**

**Tha e an-asgaidh do dhuine sam bith a tha airson pàirt a ghabhail anns a' Mhòd Air-loidhne ach, ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.**

Virtual Royal National Mod events and performances are **free** to enjoy. Should you wish to support the organisation at this time, please feel free to make a donation via our JustGiving page.

JustGiving™

VIRTUAL MOD AIR-LOIDHNE

MÒD INBHIR NIS 2021

**8.10.2021 - 16.10.2021**

# Tha sinn an dòchas gum faic sinn sibh ann an Inbhir Nis ann an 2021

# We hope to see you in Inverness in 2021

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

An Comunn Gàidhealach
Ar Cànain 's ar Ceòl

